



Fàilte do Eilean Ratharsair 's do a choilltean

Welcome to Raasay and its forests

Tha fiadh-bheatha agus dualchas drùidhteach gun choimeas ann an Ratharsair. Tha cladaichean creagach, monadh, agus coilltean aosta 's ùra nan àitean-còmhnaidh do eun na coille, na mòintich 's na mara, don fhiadh, dòbhran, fhamhalan Ratharsarach agus dealan-dè. Cinnidh dìthean dathach as t-earrach 's as t-samhradh. Tog ort 's dèan rannsachadh cho luath 's a thig thu air tìr!

Tha làrach casan nan daoine a dh'fhalbh air an tìr agus tha na h-eileanaich an-diugh a' cumail suas iomadh cleachdadh dùthchasach.

Raasay is special, from exceptional wildlife to absorbing cultural heritage. Rocky coasts, heather moors, ancient woods and managed forests provide homes for sea, moorland and woodland birds, red deer, otters, the Raasay vole and butterflies. Wild flowers bring spring and summer colour. Start exploring as soon as you leave the ferry!

Past people have left their marks and today's islanders maintain many traditions of the Hebrides.



Dèan deiseil!

Còrdaidh Eilean Ratharsair riut nas fheàrr ma bhios brògan coiseachd, aodach dìonach agus map OS agad. Chan eil bus ann, mar sin, thoir leat rothair no càr airson an ceann a tuath a rannsachadh. 'S e coimhearsnachd croitearachd a tha seo - cùm coin air taoid faisg air beathaichean.

Be prepared!

You'll enjoy Raasay best if you have boots, clothes for all weathers and an OS map. There's no bus so bring a bike or car for exploring the north end (no petrol on the island). This is a crofting community - please keep dogs on leads near animals.



FIOS AIR A'CHÒD MUS FALBH THU
outdooraccess-scotland.com

KNOW THE CODE BEFORE YOU GO
outdooraccess-scotland.com

Inbhir Àrais / Inverarish

Mu 2km / 1 mhìle bho Laimhrig a' Chlachain, bha am prìomh chlachan an Ratharsair air a thogail mar àite-fuirich do mhèinnearan cloich-iarainn a thugadh don eilean 100 bliadhna roimhe.

Bheir na slighean air an taobh seo den bhileig timcheall Inbhir Àrais 's na coille thu. Tha tuairmsean astair agus ùine nan slighean uile airson aon taoibh a-mhàin, 's chan ann airson tursan tilleadh.

Raasay's main village, about 2km / 1 mile from the Ferry Pier, was built to house iron ore miners brought to the island 100 years ago. Its name means settlement at the mouth of the river.

All the trails on this side of the leaflet lead you around Inverarish and its forest. All trail distances and estimated times are for one way only, not return journeys.



Damh fèidh / Red deer stag

Ceum nan Eilthireach / Emigrants' Walk

Fad-slighe: 0.8 km / ½ mile
Trail length: 0.8 km / ½ mile
Fàg: ¼ uair gach uidhe /
Allow: ¼ hour each way



Air stairsneach an slighe...

San 19mh linn, dh'fhalbh mòran Ratharsairich a-null a' chuain nuair a chaidh an ruagadh às leis na h-uachdarain. Tha an t-slighe ghoirid thaitneach seo, faisg air a' bhaile, a' dol tarsaing Allt Àrais (far am faicear tairbh-nathraichean). Thèid do thoirt gu sreath leacan a tha a' nochdadh cùrsa an luchd-imrich, a bha mar chinn-ùil do chàch.

Journeys of hope...

Many people from Raasay, cleared from their homes by landlords in the 19th century, set off for new lives across the oceans. This delightful short trail, near the village, crosses the Inverarish Burn (look for dragonflies). It takes you to a series of plinths that chart the travels of these pioneering Ratharsairich (Raasay people).



Ceum cladaich agus Orchard Wood / Coastal path and Orchard Wood

Fad-slighe: 5.2 km / 3¼ miltean
Trail length: 5.2 km / 3¼ miles
Fàg: 2 uair son an lùib shlàin /
Allow: 2 hours for the full loop




Cuairt rè nam bliadhnachan...

Fhad 's a tha thu a' fàgail Laimhrig a' Chlachain an lorg ròin 's dòbhrain sa Camus Alba, dèan gàire ris a' mhaighdinn-mhara air dath nan sian air an t-seann Bhataraidh. Gabh cuairt tron choille agus seall air an tac tharraingeach às an 19mh linn. Falbh far an rathaid gu ruige Cille Moluaig às an 11mh linn agus cloich àrsaidh snaighte làimh rithe.

A walk through the years...

Smile at the weather-beaten mermaid on the old Battery as you leave the Ferry Pier at Clachan and look for seals and otters in North Bay. Enjoy your walk through the woodlands and then admire the attractive 19th century farm steading. Detour to the ruined 11th century St Moluag's chapel and the ancient carved stone nearby.



Thadhail Boswell, còmhla ri Maclain, air Taigh Mòr a' Chlachain sna 1770an agus sgrìobh e sa Bheurla: *Cha d' fhuair sinn ach suairceas, maise is saobhreas.*

Boswell, with Johnson, visited Raasay House in the 1770s and wrote: *We found nothing but civility, elegance, and plenty.*



Temptation Hill agus Dùn Bhorghadail / Temptation Hill and Dun Borodale

Fad-slighe: 2.4 km / 1½ miltean
Trail length: 2.4 km / 1½ miles
Fàg: 1 uair gach uidhe /
Allow: 1 hour each way



Àiteachan seallaidh...

Thèid thu seachad air cloich Chruithnich air an t-slighe gu Temptation Hill - feuch is faigh a-mach sgeul an ainm! Thèid thu seachad cuideachd Loch na Muilneadh is Dùn Bhorghadail, làrach dùin (ràth-dhaingneach) à Linn an Iarainn. Tha seallaidhean rim mealtainn mum falbh thu seachad air seann Mhansa na h-Eaglaise Saoire (dachaigh a' mhinisteir) agus gu dlùth seachad air an t-seann mhèinn-iarainn inntinneach faisg air.

Points of view...

You pass an incised Pictish stone as you begin your climb up Temptation Hill - try to discover how got its name! You'll also pass Loch na Muilneadh (The Mill Loch) on your way to Dun Borodale, the ruined Iron Age broch. Enjoy the views before heading past the former Free Church manse (minister's home) and passing close to the fascinating old mine workings near Henderson's Bridge.

Clach Chruithneach / Pictish stone

Buinidh dùin do 'Atlantic Scotland'. B' e turaidean cruinn a bh' anna de bhallachan dùbailte air an togail gun aol.

Brochs belong to 'Atlantic Scotland' and were tall hollow-walled round houses built without mortar.

Iuchar nam mapaichean / Key to maps

	Coilltearachd / Woodland		Fearann / Woodland
	Fearann coillteach eile / Other woodland		Prìomh rathad / Main road
	Rathad / Frith-rathad / Road / track		Rathad coille / Forest road
	Cas-cheum / Footpath		Slighean Coille (còd-dathan) / Forest trails (colour coded)
	Cuairtean coise eile / Other walks		Slighean Coille Eile (gun soidhne) / Other forest trails (not waymarked)
	Ostail-òigridh / Youth Hostel		Eaglais / Church
	Càrlann / Car park		Taighean-beaga (neo-eisimeileach) / Toilets (non FC)
	Ionad-seallaidh / Viewpoint		Bùth & Oifis Phuist (neo-eisimeileach) / Shop & Post Office (non FC)
	Àite cuirm-chnuic / Picnic place		Pàirc-chloinne (neo-eisimeileach) / Playpark (non FC)

Thoir an aire: tha an t-astar is ùine airson gach ceum nan tuairmsean aon-sligheach. **Please note:** all trail distances and estimated times are for one way

Irean nan slighean / Trail grades

Tha na slighean aig Coilltearachd agus Fearann Alba air am meas a rèir an ìre dhuilgheadais, caisead agus an seòrsa de staid a tha fa comhair luchd-tadhal.

Trails are graded according to the degree of difficulty, gradients and type of conditions visitors can expect.

Tro A' Choille Mhòir / Through The Big Wood



Gabhaidh tu tro choille sa bheil craobhan durcain, leithid giuthas, spruis Sitka is learag. Ann an glacan grianach, gheibhear curracan-cuthaige as t-earraich agus mogairlean is meuran nan cailleachan marbha nas anmoiche air a' bhliadhna. Cùm sùil a-mach airson dealain-dè agus eist airson eòin na coille.

Mu leitheach slighe, dh'fhaodadh tu an ceum gun soidhne a ghabhail gu Càrn nan Eun.

The woodlands you pass through contain coniferous species such as native Scots pine as well as Sitka spruce and larch. In sunny glades, you find bluebells in spring and, later, orchids and foxgloves. Look out for butterflies and listen for woodland birds.

Half-way along this trail, you could take the unmarked path to Càrn nan Eun (rocky hill of the birds).

Rathad Bhurma agus Slighe nam Mèinnearan / Burma Road and Miners' Trail

Fad-slighe: 4.4 km / 2¾ miltean
Trail length: 4.4 km / 2¾ miles
Fàg: 2 uair son an lùib shlàin /
Allow: 2 hours for the full loop



Fir an iarainn 's an fhiodhraich...

Rè a' Chogaidh Mhòir, bha mèinn-iarainn ann an Ratharsair agus coinnichidh dà shreath de thobhtaichean riut agus stiuic mhòra a chaidh fhàgail nuair a thugadh an rathad-iarainn às a chèile. Chruthaich coilltearan Coille Àrais an dèidh sin airson fiodh a bhuaic. Chithear seallaidhean àlainn air an Eilean Sgitheanach à Rathad Bhurma - samhla air an t-saothair mhòir a dh'fheumadh airson rathad a thogail ann an 1950s.


Men of iron and timber...

During the First World War, iron ore was mined on Raasay and you'll come across two sets of abandoned buildings as well as huge piers from the dismantled railway. Later, foresters created Inverarish Forest which is sustainably managed for timber. You get fine views of Skye from the Burma Road - alluding to the hard labour involved in building a road in the 1950s.



Bha prìosanaich-chogaidh Ghearmailteach am meas luchd-obrach na mèinn-iarainn. Gheibhear cuimhneachan san Chlach Ùr don ghrunnaidh dhiubh a bhàsaich innte.

German prisoners of war were among those who worked in the iron mines. The few who died are commemorated at the New Cemetery.




	Soirbh / Easy Brògan ciallach / Sensible footwear		Soirbh / Easy A' lasachadh fhèithean / Muscle loosener
	Meadhanach / Moderate Brògan dìonach / Waterproof footwear		Meadhanach / Moderate A' draghadh fhèithean / Muscle stretcher
	Doirbh / Strenuous Brògan coiseachd / Hillwalking boots		Doirbh / Strenuous A' neartachadh fhèithean / Muscle builder

Ratharsair Isle of Raasay



The Islands / Na h-Eileanan



Fios gu/Contact:
Fòn/Tel: 0300 067 6100
Post-d/E-mail: enquiries.north@forestryandland.gov.scot
forestryandland.gov.scot



Tha barrachd choilltean rin lorg san Eilean Sgitheanach / There are lots more forests to explore on Skye:
1. Gleann Bhreatail / Glen Brittle
2. An t-Àth Leathann / Broadford
3. Caol Àcainn / Kyleakin

Airson fiosrachadh air bàtaichean-aiseig: For information on ferries:
Sgonsair – Ratharsair / Sconser – Raasay:
www.calmac.co.uk


Airson fiosrachadh air còmh-dhail phoblach, fòn: For information on public transport services contact:
Traveline Scotland: 0871 2002233
www.travelinescotland.com

Language and the land


Place names define Raasay.

Many are from Gaelic – **Beinn na h-Iolaire** is the 'hill of the eagle' and **Dùn Cana** is 'hill of the bucket' (Dùn is the Gaelic for 'fort or hill' - of Cana (Cana is Norse for a can or bucket). **Òsgaig** – 'a strip of land at a river mouth'.

Some people on Raasay speak Gaelic. The poet, Sorley MacLean, wrote movingly of his birthplace in his native language.



Somhairle MacGill-Eain
Sorley MacLean



© Dilghe-sgrìobhadh a' Chruin's coir an stoir-data [2012]. Na còraichean uile glèidhte. Air Ceadachd an t'Suirbhidh Ordanais [100021242]. © Crown copyright and database right [2012]. All rights reserved. Ordnance Survey Licence number [100021242]

Cuairtean Ratharsair a Tuath

Seo cothrom dhut an t-àite a rannsachadh!

Thèid **Cuairt 1** bho Àrnais don **Torran** tro choille bheithe sam faighear pailteas fungais leithid *chanterelle* agus *boletus* as t-fhoghar. (0.9 km / ½ mile, fàg 20 mionaidean). **Bhon àite sin, tha roghainn agad...**

Tha Cuairt 1A an uair sin a' dol do **Chaolas Eilean Fhladaigh**, agus nuair a bhios tràigh ann, gu **Eilean Fhladaigh** far an robh baile fearainn beothail ann gu meadhan an 20mh linn. Coimhead airson eòin is ainmhidhean fad cladaich a' chaolais. (1.9 km / 1¼ miltean, fàg 1 uair bhon Torran).

Gabhaidh tu **Cuairt 1B** gu'n **lumachan**, làrach baile eile far a bheil seallaidhean sgoinneil air a' Chuiltheann. Dh'fhuadaich uachdarain ghallda an slugh gu ceann creagach a tuath Ratharsair, agus chleachd iad am fearann sa cheann a deas airson togail chaorach agus stàcadh nam fiadh. (2.8 km / 1¾ miltean, fàg 1½ uair bhon Torran).

A' fiaradh air falbh bhon cheum seo, tha **Cuairt 1C** gu **An Caol Rònach** far am faicear Beinn Àiliginn agus Toirbheartan. Air làithean soilleir, chithear Leòdhas agus na Hearadh mun iar. (7.1 km / 4½ miltean, fàg 3 uair bhon Torran).

Dèan cinnteach gu bheil map OS agad agus cùm sùil a-mach airson an corra shoidhne a th' air an t-slighe.




A' sealltainn air Rònach / Looking towards Rona



Sùlaire / Northern gannet



Caisteal Bhròchail / Brochel Castle



Caisteal gu Sgreapadal / Castle to Sgreapadal

Fad-slighe: 2.4 km / 1½ miltean
Trail length: 2.4 km / 1½ miles
Fàg: ¾ uair gach uidhe / **Allow:** ¾ hours each way



Càrn Shomhairle aig Baile na Lice / Sorley's cairn at Lice

Hallaig seallagan / a glimpse

'Tha tim, am fiadh, an coille Hallaig' / Tha bùird is tàirnean air an uinneig troimh 'm faca mi an Aird an Iar...

'Time, the deer, is in the wood of Hallaig' / The window is nailed and boarded through which I saw the West...

Bho Hallaig le Somhairle MacGill-Eain / from Hallaig by Sorley MacLean

Routes in North Raasay

Here's a real chance to explore!

Route 1, from Arnish to Torran, takes you through birch woods where fungi such as chanterelle and boletus flourish in the autumn. (0.9 km / ½ mile, allow 20 minutes). **From there, you have a choice...**

Route 1A then leads to Kyle Fladda, and when the tide's out, to Fladda island where a crofting community flourished until the mid-1900s. Look for seashore creatures along the Kyle - caolas means narrow strait. (1.9 km / 1¼ miles, allow 1 hour from Torran).

You can follow **Route 1B to Umachan**, another former township where there are great views of the Cuillin on Skye. Incoming landowners cleared people to the more barren north end of Raasay in the 19th century and used the land in the south for sheep rearing and deer stalking. (2.8 km / 1¾ miles, allow 1½ hours from Torran).

Branching off this walk is **Route 1C to Kyle Rona** from where you'll see Ben Alligin and the Torridon Hills. On very clear days you can see Lewis and Harris to the west. (7.1 km / 4½ miles, allow 3 hours from Torran).

Make sure you have an OS map and keep a look out for occasional waymarkers. Please remember, all trail distances and estimated times are for one way only.

Coille 's Caisteal Bhròchail agus Rathad Chaluum

Dileab Chlann MhicLeòid

Tha coltas air tobhta Chaisteal Bhròchail - aig Clann MhicLeòid bhon 15/16mh linn - gu bheil e ag èirigh às an stac air a bheil e suidhichte. 'S e deagh àite tòiseachaidh a th' ann don chuairt tron choille gu ruige nam bailtean fàsa ann an Sgreapadal a Tuath agus a Deas.

Gabhaidh Rathad Chaluum a leantainn gu tuath - euchd iongantach a rinn fear de Shìol MhicLeòid san 20mh linn! Tha e a' dol gu Àrnais far an leanar na cuairtean gu h-àrd.

Tha dìon ga chur air cleitean a' chost' an ear air sgàth nan lusan a tha dèidheil air a' chailc aca, leithid eileabor dearg agus machall monaidh, am measg mòran eile.

Brochel Forest, Castle and Calum's Road

The MacLeod legacy

The ruins of the MacLeod's 15/16th-century stronghold of Brochel Castle appear to grow out of the cliff-top rocks. It's a good starting point for the trail through the forest to the abandoned settlements of North and South Sgreapadal.

Northwards, you can follow Calum's Road - a remarkable achievement by a 20th century member of the MacLeod Clan. It leads to Arnish where you take the routes described above.

The limestone outcrops on the east coast are protected for their chalk-loving plants such as dark-red helleborine, mountain avens and many more.

Cuairtean Ratharsair a Deas

Tha Cuairt 2, bhon Bhràighe don Inbhir

na ceum tlachdmhor tro chraobhan abaich beithe gu ruige tràigh far am bi an lach lochlannach a' neadachadh gu tric. Seall air an iomadh seòrsa còinnich, rainich agus crotail air an rathad ann (1.5 km / 1 mile, fàg ¾ uair).

Tha **Cuairtean 3 agus 4** le soidhnichean slighe a' dol thar na mòintich bhon Bhaile Mheadhanach (3 km / 2 miltean, fàg 1½ uair) agus bho Rathad Bhurma (4.5 km / 2¾ miltean, fàg 2½ uair o bhith fàgail Rathad Bhurma) gu ruige àite seallaidh eireachdail Dhùn Cana. Cùm sùil fhurachail airson fèidh, iolairean agus naoisg, agus gabh cuirm-cnuic ri taobh aon de na lochan.

Bheir Cuairt 5 thu bho Na Feàrna gu Hallaig far a bheil coille bheithe aosta a tha na h-àite-còmhnaidh don dallag-feòir 's don choinean. Tha an cladaich math airson fosailean a lorg, 's a choimhead airson mhucan-mara is phèileagan (3 km / 2 miltean, fàg 1 uair).

Tha **Cuairt 6** a' ceangal Slighe nam Mèinnearan ri Rubha Oighre (mol agus taigh-solais) agus ri Suidhisnis (seann oibricean cloich-iarainn). Bheir an ceum tharais a' mhonadh thu air taobh an ear Meall Shuidhisnis far am faicear Scalpaigh agus Taobh Siar Rois. Gabhaidh loidhne an rathaid-iarainn a leantainn suas bhon t-seann chidhe cuideachd. (7.5 km / 4¾ miltean, fàg 3 uair).

Routes in South Raasay

Route 2, from Brae to Inver, is a delightful path through mature birch woodlands to a sandy bay where eider ducks often nest. Look at the variety of mosses, ferns and lichens on the way (1.5 km / 1 mile, allow ¾ hour).

Routes 3 and 4 are waymarked moorland routes from Bailemeanach (3 km / 2 miles, allow 1½ hours) and the Burma Road (4.5 km / 2¾ miles, allow 2½ hours from leaving the Burma Road) to the spectacular viewpoint of Dhùn Cana. Look out for red deer, eagles and snipe, and enjoy a picnic beside one of the lochs.

Route 5 takes you from Feàrna to Hallaig with its ancient birch woods where shrews and rabbits live; the shore's a good place to look for fossils and to watch for whales and porpoises (3 km / 2 miles, allow 1 hour).

Route 6 links the Miners' Trail with Eyre Point (shingle beach and lighthouse) and Suisnish (former iron ore works). The path will take you across the moor to the east of Suisnish Hill with its views of Scalpay and Wester Ross. You can follow the abandoned railway incline from the old pier. (7.5 km / 4¾ miles, allow 3 hours).